

## BÒRD NA GÀIDHLIG

## Geàrr-chunntas na Coinneimh:

## Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh

Diciadain 06/10/2021 09.30-14.35

Buill an làthair

Màiri T NicAonghais (MTNA) (Cathraiche)  
 Ailean Caimbeul (AC)  
 Dòmhnall MacLeòid (DML)  
 Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)  
 Jennifer Gilmour (JG)  
 Stewart MacLeòid (SML)  
 Dòmhnall MacAoidh (DMA)

An làthair

Shona NicIllinnein, Ceannard/Oifigear Cunntachail (SNI)  
 Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra (NP)  
 Marianne Stiùbhart, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra  
 Eadar-amail (MS)  
 Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim Gàidhlig (SW)  
 Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan (SK) –  
 Puing 6  
 Pat Kenny, Deloitte (PK)  
 Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND)  
 Morag Anna Nic an Fhugadair NicLeòid, A' clàradh a' gheàrr-  
 chunntais (MAN)  
 Nicola NicThòmais A' clàradh a' gheàrr-chunntais (NNT)  
 Ben MacIlliosa (BMC)

Leisgeulan

Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean  
 Coimhearsnachd (DB)

## Minute of the Meeting:

## Board Meeting

Wednesday 06/10/2021 09.30-14.35

Members present:

Mary T MacInnes (MTMI) [Chair]  
 Allan Campbell (AC)  
 Donald MacLeod (DML)  
 Johan Smith (JS)  
 Jennifer Gilmour (JG)  
 Stewart MacLeod (StML)  
 Donald MacKay (DMK)

In attendance:

Shona MacLennan, CEO/Accountable Officer (SML)  
 Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate  
 Affairs (NP)  
 Mairianne Stewart, Interim Head of Finance &  
 Corporate Affairs (MS)  
 Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW)  
 Steven Kellow, Funding & Projects Officer (SK) –  
 Point 6  
 Pat Kenny, Deloitte (PK) - Po  
 Orla MacDonald, Recording Minute (OMD)  
 Morag Anna Walker MacLeod, Recording Minute  
 (MAM)  
 Nicola Thomson, Recording Minute (NT)  
 Ben McCleish (BMC)

Apologies

David Boag, Director of Language Planning &  
 Community Development (DB)

## SEISEAN DÙINTE

## CLOSED SESSION

## 1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

## OPENING ITEMS

## 1.1 Fàilte bhon Chathraiche

Chuir an Cathraiche fàilte air Buill agus fàilte shònraichte  
 air BMC, agus air NP dhan a' chiad Choinneamh Bùird-  
 stiùiridh aice.

## Chair's Welcome

The Chair welcomed members and gave a special  
 welcome to BMC, and to NP at her first Board  
 Meeting.

## 1.3 A' nochdadh chom-pàirtean

DML – Comhairle nan Eilean Siar  
 JG – Comhairle nan Leabhraichean, Acair  
 AC – An Comunn Gàidhealach  
 JG – Riaghaltas na h-Alba  
 NP – SpeakGaelic

## Declaration of interests

DML – Comhairle nan Eilean Siar  
 JNG – Comhairle nan Leabhraichean, Acair  
 AC – An Comunn Gàidhealach  
 JG – Scottish Government  
 NP – SpeakGaelic

## 1.4 Geàrr-cunntas na coinneimh mu dheireadh

Thug Buill fa-near don gheàrr-chunntas.

## Minutes of last meeting

Members noted the minute.

## 1.5 Puingeann Gnìomh – airson fiosrachadh

Thug SNI fios seachad mun chiad ghnìomh clàraichte agus  
 dh'innis i gu bheil e a-nis dèante.

## Points of action – for information

SML provided members with information on the first  
 action listed and informed them that it is now  
 closed.

1.6 Cùisean a thog ceann bho na coinneamhan sin nach eil fo  
phuuing eile air a' chlàr-ghnothaich

Matters arising from those meetings which are not  
 covered elsewhere on the agenda

	Cha robh gin ann.	There were none.
<b>1.7</b>	<b>Co-dhùnaidhean eadar coinneamhan</b> Cha robh gin ann.	<b>Decisions between meetings</b> There were none.
<b>1.8</b>	<b>Clàradh chuspairean a tha rin togail fo GISBE</b> Cha robh gin ann.	<b>Recording of topics to be covered under AOCB</b> There were none.
<b>2.0</b>	<b>GEÀRR-CHUNNTASAN NAN COMATAIDHEAN IS NA BUIDHNE-STIÙIRIDH</b>	<b>MINUTES FROM THE COMMITTEES AND THE STEERING GROUP</b>
<b>2.1</b>	<b>Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (Dreachd)</b>	<b>Audit &amp; Assurance Committee (Draft)</b>
PT1	<u>Co-dhùnadh:</u> Thug Buill fa-near don gheàrr-chunntas.	<u>Decision:</u> Members noted the minute.
PT2	<b>Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan (Dreachd)</b>	<b>Policy &amp; Resources Committee (Draft)</b>
	<u>Co-dhùnadh:</u> Thug Buill fa-near don gheàrr-chunntas.	<u>Decision:</u> Members noted the minute.
PT3	<b>Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh (Dreachd)</b>	<b>Improvement Plan Steering Group (Draft)</b>
	<u>Co-dhùnadh:</u> Thug Buill fa-near don gheàrr-chunntas.	<u>Decision:</u> Members noted the minute.
<b>3.0</b>	<b>AITHISG A' CHATHRAICHE</b>	<b>CHAIR'S REPORT</b>
	Dh'innis an Cathraiche do Bhuill gu bheil i ag obair gu dlùth le SNI agus a' cumail taic is conaltradh ri diofar phròiseactan. Tha pìos mòr obrach a' dol air adhart an-dràsta a' deasachadh an ath Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.  Dh'innis an Cathraiche do Bhuill mun turas aice is aig SNI a dh'Uibhist is Barraigh far an do choinnich iad ri buidhnean Gàidhlig. Dh'fhaighnich Buill dè seòrsa taic a bha na buidhnean Gàidhlig a' sireadh agus b' e an fhreagairt barrachd fios air ciamar as urrainn dhaibh Gàidhlig fhighe a-staigh don obair aca.	The Chair informed members that she has been working closely with SML assisting in communication of different projects. A large piece of work taking place currently is the preparation of the next National Gaelic Language Plan.  The Chair told members about her and SML's trip to Uist and Barra where they met with Gaelic organisations. Members asked what sort of support these organisations needed and the Chair said they need assistance in how they can incorporate Gaelic into their organisations.
<b>4.0</b>	<b>AITHISG A' CHEANNARD</b>	<b>CEO REPORT</b>
	Tha an sgioba a' fàs, le sgioba làidir ann an Leòdhas a-nis. Tha e cudromach gu bheil daoine a' faireachdainn misneachail aig an obair.  Taobh a-muigh na buidhne tha SNI a' smaoineachadh gu bheil adhartas air a bhith ann a' togail guth na Gàidhlig. Fhuair BnG cothrom a bhith ag obair air leasachadh a' leantainn air lèirmheas an OECD.	The team is growing, with a strong team in Lewis now. It is important that people continue to feel encouraged in their work.  Outside the organisation, SML thinks there has been progress in strengthening Gaelic's voice. BnG had the opportunity to be involved in development work following the Organisation for Economic Co-operation and Development (OECD) review.
	<i>Dh'fhàg DML na coinneimh</i>	<i>DML left the meeting.</i>
	Bha ceist ann mu dheidhinn FtG agus teaghlaichean a' gabhail pàirt sa chùis. Thug JW fios seachad air mar a thathar a' dèiligeadh ri seo. Thug e fios seachad mun lèirsinn airson foghlam Gàidhlig ann an Steòrnabhagh.	A question was raised about GME and families who take part. JW informed members how they are dealing with this. He provided information on the vision for Gaelic education in Stornoway.
	<i>Thill DML dhan choinneimh.</i>	<i>DML returned to the meeting.</i>
	<i>Dh'fhàg JG a' choinneamh.</i>	<i>JG left the meeting.</i>

Dh'aithris SNI gu bheil i air a bhith ann an conaltradh leis an Riaghaltas mu na geallaidhean manifesto aca.

SNI told members that she has been communicating with the Government about the commitments in their manifesto.

Chur DML fàilte air an luchd-obrach ùra agus chaidh bruidhinn air obair bhon taigh.

DML welcomed the new members of staff and members discussed home working.

## 5.0 COVID-19

## COVID-19

Dh'fhaodadh gum bi Covid-19 fhathast a' toirt buaidh air an dòigh sa bhios maoineachaidh air a chosg.

It is possible that Covid-19 could still have an impact on the way that funds are spent.

Tha luchd-obrach air a bhith a' coinneachadh thairis air na mìosan a chaidh seachad agus tha deagh chòmhradh air tighinn bhon t-suirbhidh luchd-obrach a thaobh feumalachdan luchd-obrach.

Staff have been meeting up over the last few months and there have been useful conversations around the needs of staff which have come from the staff survey.

## 6.0 IONMHAS

## FINANCE

### 6.1 Iarrtasan taic-airgid £100,000+ SpeakGaelic

### Grant Applications of £100,000+ SpeakGaelic

*Dh'fhàg NP a' choinneimh*

*NP left the meeting.*

Thug SK fios seachad mu na h-iarrtasan. Chaidh ceist a thogail mu dheidhinn cò as urrainn na goireasan a chleachdadh. Thug SK barrachd fiosrachaidh seachad air seo agus dhearbhadh e gum bi còmhradh fhathast a' leantainn. Chaidh fhaighneachd dha mun bhuidseat agus mar a thèid a roghainn eadar buidhnean. Thog Buill dragh mu mar a dh'fhaodadh e buaidh a thoirt air pròiseactan eile ma thèid sùim mhòir airgead a chosg air aon pròiseact. Dhaingnich SK gu bheil luach mòr sa phròiseact seo agus mar sin, ma thèid aontachadh, thèid maoineachadh mòr a thoirt dhan pròiseact seo.

SK provided information on the applications. A question was raised about who can use the resources. SK gave more information on this and confirmed that conversations will continue. He was asked about the budget and how it will be split between organisations. Members raised a concern about how a large sum of money being given to one project could impact on the funding available to other projects. SK confirmed that there is a huge value in this project and therefore, if approved, a substantial amount of funding will be provided to this project.

Chaidh cuideam a chur air cho cudromach 's a bhios am pròiseact seo dhan Ghàidhlig.

It was emphasised how important this project will be to Gaelic.

Oifigearan ri dhearbhadh a bheil suaicheantas BnG air làrach-lìn SpeakGaelic.

Officers to investigate whether the BnG logo can be seen on the SpeakGaelic website.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an iarrtas.

#### Decision:

Members approved the application.

#### Gnìomh:

Oifigearan gus rannsachadh a dhèanamh mu chleachdadh suaicheantas BnG air làrach-lìn SpeakGaelic.

#### Action:

Officers to research use of the BnG logo on the SpeakGaelic website.

## 7.0 AITHISG BHLIADHNAIL IS CUNNTASAN

## ANNUAL REPORT AND ACCOUNTS

### 7.1 Aithisg ISA 260 don Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd air Sgrùdadh 2020/21

### ISA 260 report for the Audit and Assurance Committee on the 2020/21 Audit

Chaidh an Aithisg ISA 260 aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd mar-thà. Thug PK fios do Bhuill gur e aithisg gu math brosnachail a th' ann agus gu bheil e glè thoilichte le adhartas na buidhne. Dhearbh e gu bheil sgrùdadh nam prìomh aithrisean ionmhasail na bharrail ghlan is gun atharrachadh. Tha e toilichte innse gu bheil BnG air aon de na beagan bhuidhnean a fhuair comharraidhean càileachd uaine airson gach rud. Thug PK moladh dhan sgioba airson an cuid obrach.

The ISA 260 Report had already been approved by the Audit & Assurance Committee. PK told members that it is an extremely positive report and he is very pleased with the progress of the organisation. He confirmed that the Key financial statement audit is an unmodified, clean opinion. He is happy to report that BnG is one of very few organisations with all green quality indicators. PK praised the team for their work.

Thug an Cathraiche taing don sgioba aig PK airson a bhith cho cuideachail.

Dh'fhaighnich Buill de SNI ciamar a tha an suidheachadh seo air a' bhuidheann a chuideachadh agus ciamar as urrainnear ionnsachadh bho seo. Thug SNI taing don sgioba airson na h-obrach a rinn iad agus airson a bhith cho taiceil tron phròiseas sgrùdaidh. Thug SNI fios gu bheil am pròiseas seo air sealltainn gu bheil e an còmhnaidh comasach don bhuidheann atharrachadh a dhèanamh agus gun urrainn dhi barrachd a dhèanamh fhathast. Mhol SNI obair Taylor Clark airson cho cuideachail 's a bha an obair aca do leasachadh na buidhne.

Chaidh moladh gun rachadh Bòrd na Gàidhlig a chleachdadh mar rannsachadh cùise airson cleachdadh as fheàrr a shealltainn. Chur PK aonta ri seo agus thuir e gum biodh e toilichte seo a sgaoileadh do Chomataidh Sgrùdaidh na Pàrlamaid nan cuireadh BnG am beachd air adhart.

Chaidh fhaighneachd den Ceannard a bheil misneachd aice gu bheil na pròiseasan ionmhas làidir gu leòr airson cumail orra gu soirbheachail le atharrachadh san sgioba. Thuir SNI gu bheil MS agus NP air a bhith ag obair còmhla airson mìos gus dèanamh cinnteach gun tèid na dleastanasan a thoirt a-null do Ceann ùr an Ionmhais gu soirbheachail.

Dh'fhaighnich Buill do PK dè cho furasta 's a tha e do buidheann an cliù aca fhaighinn air ais às dèidh sgrùdaidhean dùbhlach. Mhol PK sgeulachdan math innse agus chan eil e den bheachd gun bi cron susbainteach air a' bhuidheann san ùine fhada leis gun robh a' bhuidheann a' freagairt cho math air molaidhean an sgrùdaidh.

Tha Buill an dòchas gum bi an lèirmheas air dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig buannachdail dhan bhuidhinn agus gum bi cothrom ann airson fàs a thoirt air a' bhuidhinn.

PK ri fhaighinn a-mach bhon Àrd-neach-sgrùdaidh am bi Aithisg Earrann 22 ann.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an aithisg.

Puing-ghnìomh:

PK ri dhearbhadh leis an Àrd-Neach Sgrùdaidh am bi Aithisg Earrann 22 ann.

The Chair thanked PK's team for being so helpful.

Members asked SML how this experience has benefitted the organisation and how we can learn from this. SML thanked the team for the work they have done and their cooperation in the audit process. SML highlighted that this process has shown that the organisation can always improve, it has improved and it can do further. SML commended the work of Taylor Clark with the organisation and how it assisted with further improvements.

It was suggested that a case study could be created from BnG's experience, so that this could be used as an example of best practice. PK endorsed this idea and confirmed that he would share this with the Parliamentary Audit Committee if this idea was brought forward by BnG.

It was asked if the Ceannard is confident that finance processes are robust enough to continue the success with a change in the team. SML confirmed that MS and NP have been working together for the past month to ensure a smooth handover with the new Head of Finance.

Members asked PK how easy it is for an organisation's reputation to recover from more challenging audits. PK recommends telling the organisation's story in a positive light, and does not think that there should be long-term reputational damage since the organisation responded so well to audit recommendations.

Members hope that a review of the functions of Bòrd na Gàidhlig will be a positive one and will be a significant lever for expansion of the organisation.

PK to check with Auditor General whether there will be a Section 22 Report.

Decision:

Members approved the report.

Action:

PK to check with Auditor General whether there will be a Section 22 Report.

**7.2 Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan 2020-21**

Chaidh iarraidh air Buill cead a thoirt do SNI an t-ainm-sgrìobhte aice a chur ris an aithisg nuair a tha Deloitte air an dreach dheireannach ùghdarrachadh.

Thug MS iomradh air na prìomh chùisean.

**Annual Report and Accounts 2020-21**

Members were requested to authorise SML to sign these accounts once Deloitte have authorised the final version.

MS highlighted the key considerations.

<p><u>Co-dhùnadh:</u> Dh'aontaich Buill ris a' phàipear.</p>	<p><u>Decision:</u> Members approved the paper.</p>
<p><b>7.3 Litir-dhearbhaidh</b></p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug Buill fa-near don litir-dhearbhaidh.</p>	<p><b>Letter of Representation</b></p> <p><u>Decision:</u> Members noted the letter of representation.</p>
<p><b>8.0 GISBE</b></p> <p>Cha robh dad ann.</p>	<p><b>AOCB</b></p> <p>There was nothing to note.</p>
<p><b>9.0 TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE</b></p>	<p><b>OPEN SESSION START</b></p>
<p><b>9.1 Fàilte bhon Chathraiche</b> Chuir an Cathraiche fàilte air an luchd-amhairc air-loidhne</p>	<p><b>Welcome</b> The Chair welcomed those watching online.</p>
<p><b>9.2 Leisgeulan</b> Daibhidh Boag, Stiùiridh Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd (DB)</p>	<p><b>Apologies</b> Daibhidh Boag, Director of Language Planning and Community Developments (DB)</p>
<p><b>9.3 A' nochdadh chom-pàirtean</b> DML – Comhairle nan Eilean Siar JG – Comhairle nan Leabhraichean, Acair AC – An Comunn Gàidhealach JG – Riaghaltas na h-Alba NP – SpeakGaelic</p>	<p><b>Declaration of interests</b> DML – Comhairle nan Eilean Siar JNG – Comhairle nan Leabhraichean, Acair AC – An Comunn Gàidhealach JG – Scottish Government NP – SpeakGaelic</p>
<p><b>10.0 IONMHAS</b></p>	<p><b>FINANCE</b></p>
<p><b>10.1 Aithisg Ionmhais gu 30/06/2021</b> Thug NP iomradh air an Aithisg Ionmhas. Thug i fios do Bhuill gum bu chòir greim fhaighinn air an fho-chosgais fhad 's a thèid a' bhliadhna air adhart. Tha £634,272 ann nach eil an geall fhathast.</p> <p>Dh'iarr Buill barrachd fios mun airgead a chaidh a riarachadh. Thug SNI geàrr-chunntas seachad air a' pròiseas a nì cinnteach gun cumar smachd air seo.</p> <p>Shoillearich MS fios ceist mu os-chosg air tuarastalan.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug Buill fa-near don Aithisg Ionmhas.</p>	<p><b>Finance Report to 30/06/2021</b> NP gave an overview of the Finance Report. She informed members that the underspend should catch up as the year goes on. £634,272 remains uncommitted.</p> <p>Members asked for more details about committed funding. SML gave an overview of the process which ensure that this is controlled and kept on track.</p> <p>MS clarified a question about an overspend in salaries.</p> <p><u>Decision:</u> Members noted the Finance Report.</p>
<p><b>11.0 LEASACHADH NA BUIDHNE</b></p>	<p><b>ORGANISATIONAL DEVELOPMENT</b></p>
<p><b>11.1 Am Plana Leasachaidh</b> Dhearbh JG gun deach 2 ghnìomh a dhùnadh bhon choinneimh mu dheireadh de BSPL agus nach eil ach aon gnìomh fosgailte air fhàgail. Thèid seo a dhèanamh a dh'aithghearr agus tha am Bòrd-stiùiridh toilichte leis an adhartas a th' air a bhith ann.</p> <p>Bhruidhinn SNI mun Phlana Leasachaidh Leantainneach a tha air a bhith ga chleachdadh airson 5 mìosan a-nis, thuir i gu bheil i toilichte leis an aithisg aig Deloitte agus airson na buidhne gu lèir a tha a' leasachadh agus a' neartachadh na Gàidhlig san àm ri teachd.</p>	<p><b>Improvement Plan</b> JG confirmed that 2 more actions have been closed since the last IPSG and that there is only one outstanding action. This to be completed soon and the Board are pleased with the progress made.</p> <p>SML discussed the Continuous Improvement Plan which has been in place for 5 months now; that she is pleased with the Deloitte report; and for the organisation as a whole in continuing to improve and develop Gaelic in the future.</p>

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Phlana Leasachaidh.

Decision:

Members noted the Improvement Plan.

**11.2 Crìochnachadh Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh**

Thugadh taing do MS airson na h-obrach aice agus cuideachd don a h-uile dhaoine a tha air a bhith an sàs ann an obair a' Bhùird-stiùiridh agus do Bhuill a bha anns a' bhuidhinn fhad 's a bha seo a' dol air adhart.

**Conclusion of the Improvement Plan Steering Group**

Members thanked MS for her work and everyone who has been involved in the work of the Board, and to members who have been with the organisation over the course of this development.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh a thoirt gu crìch.

Decision:

Members agreed the Improvement Plan Steering Group should be brought to a conclusion.

**12.0 PLANA GNÌOMH IS COILEANADH****OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE****12.1 Coileanadh a' Phlana Gnìomh 21-22**

Às dèidh a chiad ràith bha sinn air 1/3 de na gnìomhan a choileanadh agus thathar an dùil gun tèid 2/3 eile a chur an gnìomh ro dheireadh na bliadhna ionmhas.

**Operational Plan 21-22**

After the first quarter 1/3 of the actions were completed and the other 2/3 are expected to be completed before the end of the financial year.

Chaidh a thoirt fa-near nach do thoisich gnìomh 9.2 fhathast is mar sin gum bu chòir dha a bhith dearg seach orains. Air taobh-duilleig 193 bu chòir dha a bhith dearg seach orains. Chaidh barrachd fiosrachaidh iarraidh airson 4.5, 7.1 agus 7.3, Thathar ag ùrachadh a' chlàir is thèid seo gu Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan san t-Samhain.

It was noted that action 9.2 had not started yet so it should be red not orange. On page 193 it should be red not orange. In 4.5, 7.1 and 7.3, more information was requested. The plan is being updated and this will be presented to the Policy & Resources Committee in November.

Bha ceist ann mun dòigh as fheàrr fios as ùr a thoirt air seo agus dhearbhadh SNI gu bheil oifigearan a' beachdachadh air seo.

There was a question about the best way to provide updates on this plan and SML agreed that officers are considering this.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don phlana.

Decision:

Members noted the plan.

**12.2 Adhartas nas Luaithe**

Thug JW fios as ùr seachad air an t-suidheachadh aig Adhartas nas Luaithe. Thug e fios mun stiùireadh reachdail airson foghlam agus na dòighean anns an tèid seo a chleachdadh, is ciamar as urrainnear daoine a brosnachadh gus seo a chleachdadh.

**Faster Rate of Progress**

JW gave an update on the position of Faster Rate of Progress. He provided information on the statutory guidance for education and the ways in which this can be used, and how people can be encouraged to use it.

Chaidh bruidhinn air buaidh Covid air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus air dè tha tachairt gus cuideachadh leis a seo.

The effect of Covid on Gaelic Medium Education was discussed and what can happen to assist in this.

'S e a' prìomh phuing bhon chòmhradh gu bheil an Rùnaire Caibineit ùr air gabhail tharais, agus gu bheil adhartas mòr air a bhith ann leis na buidhnean a tha an sàs san iomairt. Tha deasbadan air a bhith ann mu dhòighean eile gus adhartas a dhèanamh is a chumail a' dol agus an iomairt seo fhathast a' dol air adhart.

It was welcomed that the new Cabinet Secretary for Education has taken over, and great progress by the bodies involved in the initiative can be seen. There have been debates about other ways in which developments can be made while continuing with this campaign.

Dhùin iarrtasan aig Fearann Coimhearsnachd na h-Alba bho chionn cola-deug. Dh'fhaighnich Buill mu na toraidhean a thàinig às oir bha tòrr iarrtasan ann. Bidh SK ag obair gu dlùth is thig fios air na pròiseactan a tha a' dol air adhart.

Community Land Scotland applications closed two weeks ago. Members asked about the results which came from this as there had been many more applications. SK will work on this and information on projects will come as they happen.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don phàipear.

**12.3 Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28**

Bha DML an làthair sa chathair aig na coinneamhan poblach agus chòrd e ris gu mòr. Fhuair iad fiosrachadh bhon mhòr-shluaigh agus tha dhaoine a-nis a' coimhead ris na bliadhnaichean ri teachd is bha seo gu math misneachail a chluinntinn. Bha e cuideachd gu math brosnachail gu bheil an òigridh a' gabhail pàirt.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don phàipear.

**Suirbhidh Luchd-ùidh 20-21**

12.4

Thug SNI fios seachad air an t-suirbhidh. Thòisich seo ann an 2019 le amas seo a dhèanamh gach bliadhna. Cha do thachair e an-uiridh leis gun robh uallach air daoine air sgàth Covid ach thòisich e a-rithist am-bliadhna.

Tha e cudromach coinneamhan a bhith ann airson 's gum bi cothrom aig daoine bruidhinn ris a' Bhòrd mu dheidhinn na tha a' dol. Tha seo glè mhath mar dhòigh conaltradh leis an t-sluaigh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg.

Decision:

Members noted the paper.

**National Gaelic Language Plan 2023-28**

DML was at the public meetings as Chair and enjoyed them. They received information from the general public and people are now thinking of looking to the future and this was very encouraging to hear. It was also very encouraging that young people are involved.

Decision:

Members noted the paper.

**Stakeholder Survey 20-21**

SML provided information on the survey. This started in 2019 with the aim to complete it every year. This did not happen last year because of the pressure people were under due to Covid, and it was re-started this year.

It is important that meetings are held so that people have an opportunity to speak to Bòrd na Gàidhlig about what they have going on. This is a great way of communicating with the public.

Decision:

Members noted the report.

**13.0 RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN****RISK MANAGEMENT****13.1 Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail****Strategic Risk Register**Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' chlàr.

Decision:

Members approved the register.

**14.0 CORPORRA****CORPORATE****14.1 Èifeachdas agus trèanadh a' Bhùird-stiùiridh****Training and Effectiveness of the Board**

Mhol Buill gum feumar coimhead air fàs a thoirt air sgioba-obrach na buidhne.

Members recommended that growing the team should be looked into.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phàipear.

Decision:

Members approved the paper.

**15.0 PLANA OBRACH A' BHÙIRD-STIÙIRIDH****BOARD WORK PLAN****15.1 Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh 21/22****Board workplan 21/22**

Thug SNI fios air a' phlana obrach agus air na puingeann a tha na lùib.

SML gave an update on the work plan and the information in it.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phlana-obrach mar a chaidh a thaisbeanadh.

Decision:

Members approved the work plan as it was presented.

**16.0 GISBE****AOCB**

Ghuidh na Buill gach soirbheas dhan Mhòd Nàiseanta a bhios a' tachairt an ath sheachdain.

Members sent their best wishes to the National Mòd which will take place next week.

**Dùnadh na coinneimh**

Dhùin a' choinneamh aig 14.35.

*Lèirmheas air a' choinneamh*

**Close of meeting**

The meeting closed at 14.35.

*Review of meeting*